

## C1-2-2-1 Modal 2 Aonad 2 Àireamhan agus aois Earrannan Èisteachd

### Earrann 1 (1. Èist) (2. Èist agus bruidhinn) Àireamhan

C1-2-2-2 Aon, dhà, trì, ceithir, còig, sia, seachd, ochd, naoi, deich, aon-deug, dhà-dheug, trì-deug, ceithir-deug, còig-deug, sia-deug, seachd-deug, ochd-deug, naoi-deug, fichead

### C1-2-2-3 Earrann 2 (5. Èist) Bingo

- |           |    |           |
|-----------|----|-----------|
| C1-2-2-4  | a. | sia-deug  |
| C1-2-2-5  | b. | dhà       |
| C1-2-2-6  | c. | ochd      |
| C1-2-2-7  | d. | seachd    |
| C1-2-2-8  | e. | naoi-deug |
| C1-2-2-9  | f. | ceithir   |
| C1-2-2-10 | g. | deich     |
| C1-2-2-11 | h. | aon-deug  |

### C1-2-2-12 Earrann 3 (7. Èist) Fichead gu Ceud

- |           |    |          |          |
|-----------|----|----------|----------|
| C1-2-2-13 | a. | twenty:  | fichead  |
| C1-2-2-14 | b. | thirty:  | trithead |
| C1-2-2-15 | c. | forty:   | ceathrad |
| C1-2-2-16 | d. | fifty:   | caogad   |
| C1-2-2-17 | e. | sixty:   | seasgad  |
| C1-2-2-18 | f. | seventy: | seachdad |
| C1-2-2-19 | g. | eighty:  | ochdad   |
| C1-2-2-20 | h. | ninety:  | naochad  |
| C1-2-2-21 | i. | hundred: | ceud     |



C1-2-2-22	21 fichead 's a h-aon
	22 fichead 's a dhà
	33 trithead 's a trì
	44 ceathrad 's a ceithir
	55 caogad 's a còig
	66 seasgad 's a sia
	77 seachdad 's a seachd
	88 ochdad 's a h-ochd
	99 naochad 's a naoi
	100 ceud

---

#### **C1-2-2-23 Earrann 4 (8. Èist) Siuthad!**

C1-2-2-24	a. trithead 's a còig
C1-2-2-25	b. seasgad 's a seachd
C1-2-2-26	c. seachdad 's a sia
C1-2-2-27	d. fichead 's a h-aon
C1-2-2-28	e. naochad 's a ceithir
C1-2-2-29	f. ceud
C1-2-2-30	g. ceathrad 's a dhà
C1-2-2-31	h. caogad 's a h-ochd
C1-2-2-32	i. ochdad 's a trì

---

#### **C1-2-2-33 Earrann 5 (11. Èist) Aon gu ceud**

C1-2-2-34	a. trì-deug
C1-2-2-35	b. ceathrad 's a h-aon
C1-2-2-36	c. naochad 's a trì
C1-2-2-37	d. seasgad 's a sia
C1-2-2-38	e. fichead 's a naoi
C1-2-2-39	f. caogad
C1-2-2-40	g. ochd-deug
C1-2-2-41	h. trithead 's a còig



**C1-2-2-42 Earrann 6 (12. Èist) Dè an aois a tha thu?**

- C1-2-2-43 a. Màiri: Dè an aois a tha thu, a Chaluim?  
Calum: Tha mi trì-deug, a Mhàiri. Dè an aois a tha thu fhèin?  
Màiri: Tha mi ceithir-deug.
- C1-2-2-44 b. Iain: A Mhàighstir MhicLeòid.  
Mgr MacLeòid: Seadh Iain?  
Iain: Dè an aois a tha sibh?  
Mgr MacLeòid: Bi modhail, Iain! Tha mi fichead 's a h-aon!
- C1-2-2-45 c. Alasdair: Is mise Alasdair Stiùbhart. Dè an t-ainm a tha ort agus dè an aois a tha thu?  
Raonaid: Is mise Raonaid Nic-a-phì agus tha mi seachd-deug.  
Alasdair: Tapadh leat, a Raonaid.  
Raonaid: Dè an aois a tha thu fhèin?  
Alasdair: Tha mi ochd-deug.
- C1-2-2-46 d. Tòmas: Dè an aois a tha sibh, a Cheitidh?  
Ceitidh: Tha mi naochad 's a naoi. Obh, obh!

**C1-2-2-47 Earrann 7 (14. Èist) Tha mi dhà-dheug**

- C1-2-2-48 a. Hai! Is mise Pàdraig agus tha mi dhà-dheug.
- C1-2-2-49 b. Hallò! Is mise Màiri Anna agus tha mi sia-deug.
- C1-2-2-50 c. Hai! Is mise Pòl agus tha mi naoi-deug.
- C1-2-2-51 d. Madainn mhath! Is mise Ceitidh agus tha mi deich bliadhna a dh'aois.
- C1-2-2-52 e. Feasgar math! Is mise Dòmhnall Iain agus tha mi caogad 's a h-ochd.
- C1-2-2-53 f. Hallò! Is mise Anna agus tha mi fichead bliadhna a dh'aois.



**C1-2-2-54 Earrann 8 (18. Èist) Meal do naidheachd an-diugh**

Meal do naidheachd an-diugh

Meal do naidheachd an-diugh

Meal do naidheachd, meal do naidheachd,

Meal do naidheachd an-diugh!

**C1-2-2-55 Earrann 9 (19. Èist agus Sgrìobh) 'S e Mairead an t-ainm a th' orm**

C1-2-2-56 Madainn mhath!

'S e Mairead an t-ainm a th' orm.

Dè an t-ainm a th' ort fhèin?

Ciamar a tha thu?

Tha mise trì-deug. Dè an aois a tha thu fhèin?

Mar sin leat!

**C1-2-2-57 Earrann 10 (Sùil air ais 2. Èist) Dè an aois a tha sibh?**

C1-2-2-58 a. Cailean: Hallò, is mise Cailean.

Cailean: Is mise Cailean. Dè an aois a tha thu, a Chailein?

Cailean: Tha mi ochd-deug, a Chailein.

C1-2-2-59 b. Guth 1: Dè an aois a tha thu, a Mharsaili?

Guth 2: Tha mi sia-deug.

C1-2-2-60 c. Guth 1: Ciamar a tha sibh an-diugh, a Mhòrag?

Mòrag: Tha gu dòigheil, tapadh leat. Ciamar a tha thu fhèin?

Guth 1: Tha gu math tapadh leibh. Dè an aois a tha sibh, a Mhòrag?

Mòrag: Tha mi seasgad.

C1-2-2-61 d. Guth 1: Dè an aois a tha Raonaid?

Guth 2: Tha i trithead 's a còig.

C1-2-2-62 e. Guth 1: Dè an aois a tha Aonghas?

Guth 2: Tha e seachdad 's a h-aon.

C1-2-2-63 f. Guth 1: Dè an aois a tha sibh, Anndra?

Anndra: Tha mi ceathrad 's a dhà.

Guth 1: Cha tig an aois leatha fhèin!



---

**C1-2-2-64 Earrann 11 Cultar A. Èist Dà fhichead**

- C1-2-2-65 a. dà fhichead 's a trì
- C1-2-2-66 b. sia-deug air fhichead
- C1-2-2-67 c. dhà air fhichead
- C1-2-2-68 d. ceithir fichead 's a seachd
- C1-2-2-69 e. trì fichead 's a naoi-deug
- C1-2-2-70 f. leth-cheud 's a sia

